



Stiùireadh ri linn aithneachadh Bòrd na Gàidhlig

Guidelines for acknowledging Bòrd na Gàidhlig

'S ann ri Bòrd na Gàidhlig, Buidheann Leasachaidh na Gàidhlig, a tha e an urra cànan is cultar na Gàidhlig a chur air adhart tro Alba gu lèir agus gu h-eadar-nàiseanta.

Chaidh am Bòrd a stèidheachadh fo chùmhnanan Achd na Gàidhlig (Alba) ann an 2005. Tha an Achd a' cur dleastanas air Bòrd na Gàidhlig Plana Nàiseanta don Ghàidhlig a dhealbh. Chaidh a' chiad Phlana a chur air bhog anns a' Mhàirt 2007 agus a tha e a' cur fo ar comhair measgachadh de dh'innleachdan is pròiseactan co-obrachaidh a chuireas ri àireamh luchd-labhairt na Gàidhlig agus a nì cinnteach gum bi inbhe na Gàidhlig teàrnte.

Tha e an urra ri Bòrd na Gàidhlig a bhith a' riarachadh tabhartasan Riaghaltas na h-Alba airson a bhith ag adhartachadh is a' cuideachadh cleachdadh na Gàidhlig agus bidh e a' toirt comhairle is buaidh air cùisean co-cheangailte ri cànan is cultar na Gàidhlig.

Mar bhuidheann a tha air a mhaoineachadh gu poblach tha e cudromach gu bheil cothrom aig a' mhòr-shluagh faicinn dè tha sinn a' dèanamh agus mar a chaidh airgead poblach a chosg. Tha e mar chùmhnanant tabhartais air buidheann a bhios a' faighinn maoinachadh bho Bhòrd na Gàidhlig an taic seo aithneachadh a h-uile cothrom a gheibh iad m.e. air bileagan, postairean, brathan naidheachd, sanasan, taisbeanaidhean, làraich-lìn is prògraman thachartasan.

Dh' fhaodadh nach biodh pròiseact air a mheas iomlan, agus dh' fhaodadh gum biodh dàil air pàigheadh a-mach airgead no dh' fhaodadh gum

Bòrd na Gàidhlig is the Gaelic Development Agency charged with promoting the Gaelic language and culture through Scotland and internationally.

The Bòrd was established under the terms of The Gaelic Language (Scotland) Act 2005. The Act places a duty on Bòrd na Gàidhlig to produce a National Plan for Gaelic. The first National Plan was launched in March 2007 and sets out a range of initiatives and collaborative projects that will increase the number of Gaelic speakers and secure the future of Gaelic.

The Bòrd manages the distribution of Scottish Government grants to promote and facilitate the use of Gaelic, and it advises on and influences, matters related to the Gaelic language and culture.

As a publicly funded organisation it is important that the public has the opportunity to see what we do and how public money has been spent. It is a condition of grant to organisations receiving funding from Bòrd na Gàidhlig that they must acknowledge this support on every possible occasion, e.g. on leaflets, posters, press releases, advertisements, displays, websites and events programmes.

A project may not be considered complete, and payments could be delayed or withheld unless the correct acknowledgement has been made.

biodh e air a chumail air ais mur a deach aithneachadh ceart a thoirt.

Cuidichibh sinn ag adhartachadh 's a' comharrachadh cànan is cultair na Gàidhlig le bhith a' cleachdadh ar suaicheantas.

An Suaicheantas

Tha Suaicheantas Bòrd na Gàidhlig ri fhaotainn ann an diofar chruth; air post-d, air CD no faodar a thoirt sìos bho làrach-lìn a' Bhùird. Tha e cudromach gun tèid suaicheantas a' Bhùird a chleachdadh san aon dòigh fad an t-siubhail agus gu bheil follaiseachd iomchaidh aige, a rèir meud an tabhartais. Bu chòir gu nochdadh an suaicheantas gu h-iomlan agus ann an riochd dìreach. Cha bu chòir gum biodh e air a dhèanamh nas motha no nas lugha.

An uair a thathar a' cleachdadh làn dhath, bu chòir dhan t-suaicheantas nochdadh ann an Òr (PMS 125) is Purpaidh (PMS 669).

Ciamar a nì Bòrd na Gàidhlig feum den fhiosrachaidh agam?

Tha fiosrachadh a dhìth air Bòrd na Gàidhlig gus gach sgeama maoinachaidh a chur an sàs gu ceart. Cuiridh e am fiosrachadh a bheir sibh seachad gu feum gus co-dhùnadh a dhèanamh mun iarrtas; agus airson luchd-iarrtais a gheibh maoinachadh, nì Bòrd na Gàidhlig feum den fhiosrachadh gus am maoinachadh a thoirt seachad a rèir cumhachan is cùmhnantan a' chùmhnaidh. Cuideachd, feumaidh Bòrd na Gàidhlig na dleasan laghail aige a choileanadh a thaobh a bhith cumail chunntasan ceart agus a bhith dèanamh sgrùdadh air an airgead phoblach a bheir e seachad. Thèid fiosrachadh, a bheirear seachad san fhoirm-iarrtais agus a thèid a chruinneachadh rè ùine a' chùmhnaidh, a chleachdadh airson an adhbhair sin.

Mura toir sibh am fiosrachadh a tha dhìth seachad, cha bhi e coltach gun urrainn do Bhòrd na Gàidhlig breithneachadh a dhèanamh air an iarrtas agaibh

Help us promote and celebrate the Gaelic language and culture by using our logo.

What information is collected?

Bòrd na Gàidhlig's logo is available in a variety of formats; by email, on CD and it can be downloaded from the Bòrd website. It is important that there is consistent use of the logo and that it is given reasonable prominence, in accordance with the size of the grant. The logo should appear in its entirety and in a vertical format. It should not be stretched or compressed.

When using full colour, the logo should appear in Gold (PMS 125) and Purple (PMS 669).

How will Bòrd na Gàidhlig use my information?

Bòrd na Gàidhlig require the information to administer each funding scheme appropriately. They will use the information provided to make a decision about the application and, for successful applicants, to administer the funding in accordance with the terms and conditions of the contract. Bòrd na Gàidhlig must also fulfil legal obligations relating to the accounting for, and the auditing of, the distribution of public funds. Information provided in the application form and gathered for the duration of the contract will also be used for this purpose.

If you do not provide the information requested, it is unlikely that Bòrd na Gàidhlig will be able to consider your funding application. If you wish to

airson maoinachaidh. Ma tha sibh airson bruidhinn rinn mu dheidhinn seo, feuch gun cleachd sibh am fiosrachadh conaltraidh gu h-ìosal gus fios a chur thugainn sa chiad dol a-mach.

Mar phàirt den dleastanas aig Bòrd na Gàidhlig gus an cànan a chur air adhart, dh'fhaodte gun tèid feum a dhèanamh de chuid den fhiosrachadh a bheir sibh seachad airson follaiseachd is sanasachd a dhèanamh air sgeamaichean agus gus sealltainn mar a dh'fhaodas buidhnean is daoine eile pàirt a ghabhail sna sgeamaichean. Cuideachd, dh'fhaodadh gun cruinnich Bòrd na Gàidhlig fiosrachadh a bharrachd airson adhbharan follaiseachd is sanasachd nuair a tha an cùmhnant ga lìbhrigeadh, mar eisimpleir, dealbhan-camara. Iarraidh sinn cead bhuaibh mus cleachd sinn fiosrachadh airson an adhbhair seo.

Cha bhi Bòrd na Gàidhlig a' toirt fiosrachadh seachad do dhaoine no buidhnean eile gu h-àbhaisteach, mura feum e sin a dhèanamh gus an cùmhnant maoinachaidh a lìbhrigeadh no gus dleastanasan laghail a choileanadh.

Nuair a tha sibh air cead a thoirt dhuinn, dh'fhaodadh gun cleachd Bòrd na Gàidhlig am fiosrachadh conaltraidh agaibh gus fiosrachadh a chur thugaibh mu sgeamaichean no pròiseactan, coltach ris an fhear a fhuair cuideachadh, anns am faodadh ùidh a bhith aig a' bhuidhinn agaibh no agaibh fhèin.

Follaiseachd

Brathan Naidheachd

Bu chòir do gach brath naidheachd innse gu soilleir gun deach am pròiseact a mhaoineachadh le Bòrd na Gàidhlig. Bu chòir innse cò às a thàinig am maoin, agus bu chòir luach is ceann-là an tabhartais nochdadh gu follaiseach ann am briathran a' bhrath

discuss this further, please use the contact details below in the first instance.

As part of Bòrd na Gàidhlig's role in promoting the Gaelic language, some of the information provided may also be used to promote schemes and to demonstrate how other organisations and individuals can become involved. Bòrd na Gàidhlig may also gather additional information specifically for promotional purposes during the contract, such as photographs. We will ask for your consent before using information for this purpose.

Bòrd na Gàidhlig do not usually pass information to third parties unless specifically required to do so for the purposes of administering the funding contract or to fulfil legal obligations.

Where you have provided consent for us to do so, Bòrd na Gàidhlig may also use your contact details to send you information about similar schemes or projects that may be of benefit to you or a group you are representing.

Publicity

News Releases

Each news release should clearly state that the project has been funded by Bòrd na Gàidhlig. It should give the source, the amount and the date of the award in a prominent position in the main body of the text. The Bòrd can supply a quote for inclusion.

naidheachd. Faodar abairt oifigeil fhaighinn bhon Bhòrd airson a chleachdadh.

Na Meadhanan Sòisealta

Bu chòir dhuibh leis gach brath a sgaoileas sibh co-cheangailte ris a' phròiseact innse gu soilleir gun d' fhuair am pròiseact taic-airgid bho Bhòrd na Gàidhlig.

Gheibh sibh fios air cunntasan na meadhanan sòisealta aig Bòrd na Gàidhlig air an ath duilleag.

Foillseachadh Oifigeil

Bu chòir do bhuidhnean cuireadh a thoirt do Bhòrd na Gàidhlig a bhith an làthair aig foillseachadh oifigeil no seirbheis fosglaidh co-cheangailte ri pròiseact no tachartas a fhuair maoineachadh. Bu chòir aithneachadh gu soilleir sna cuiridhean a thèid a chur gu aoighean gun deach am pròiseact a mhaoineachadh le Bòrd na Gàidhlig an dàrna cuid le bhith a' cleachdadh an t-suaicheantais no le iomradh a thoirt san teacsa. Bu chòir maoineachadh Bòrd na Gàidhlig a bhith air aithneachadh ann an òraidean sam bith a thèid a libhrigeadh aig an fhosgladh.

Stuthan Foillsichte

Bu chòir maoineachadh bho Bhòrd na Gàidhlig a bhith air ainmeachadh gu follaiseach ann an litreachas adhartachaidh sam bith co-cheangailte ris a' phròiseact, an dàrna cuid le bhith a' cleachdadh an t-suaicheantais no, ann an cuid do shuidheachaidhean, iomradh san teacsa. Tha seo a' gabhail a-staigh bileagan, leabhraichean, prògraman, postairean, fiosan, stuth follaiseachd agus taisbeanaidh, làraich-lìn agus sanasachd.

Soidhnichean

Gabhaidh an suaicheantas a chlò-bhualadh air bòrd no a ghràbhaladh air uachdar iomchaidh sam bith.

Social Media

For every message shared related to the project, you should clearly state that the project received funding from Bòrd na Gàidhlig.

You can find information on Bòrd na Gàidhlig's social media accounts on the following page.

Formal Launch

The Bòrd should be given an opportunity to be represented at the formal launch or opening ceremony of any funded project or event. Invitations to guests should make it clear that the project has been supported by Bòrd na Gàidhlig either by means of the logo or a reference in the text. Acknowledgement of Bòrd na Gàidhlig funding should be made in any speeches at the opening.

Published Material

Funding from Bòrd na Gàidhlig should be given prominence in any promotional literature associated with the project, either by means of the logo or, in some instances, a reference in the text. This includes leaflets, brochures, programmes, posters, notices, display and exhibition materials, websites and advertising.

Signs

The logo can be printed on a plaque or engraved directly onto a suitable surface. The same principles

Tha na h-aon phrionnsabalan ann a thaobh meud agus suidheachadh 's a tha ann a thaobh stuth foillsichte.

Ìomhaighean

Bu chòir do bhuidhnean dealbhan den phròiseact no den tachartas a chur a dh' ionnsaigh a' Bhùird gach ràith no aig deireadh a' phròiseict, mas urrainn dhaibh.

Fiosrachadh Conaltraidh

Ma tha ceistean agaibh mun fiosrachadh seo mu, cuiribh fios sa chiad dol a-mach gu:

Bòrd na Gàidhlig
Taigh a' Ghlinne Mhòir
Rathad na Leacainn
Inbhir Nis
IV3 8NW
tabhartas@gaidhlig.scot
01463 225454

Twitter: [@bordnagaidhlig1](https://twitter.com/bordnagaidhlig1)
Facebook: [@bordnagaidhlig](https://www.facebook.com/bordnagaidhlig)
Instagram: [@bordnagaidhlig1](https://www.instagram.com/bordnagaidhlig1)

of size and positioning apply to these situations as apply to publications.

Images

Wherever possible, photographs of projects and events should be sent to Bòrd na Gàidhlig each quarter, or on final completion of the project.

Contact Details

If you have any queries regarding any of the information, in the first instance please contact:

Bòrd na Gàidhlig
Great Glen House
Leachkin Road
Inverness
IV3 8NW
tabhartas@gaidhlig.scot
01463 225454

Twitter: [@bordnagaidhlig1](https://twitter.com/bordnagaidhlig1)
Facebook: [@bordnagaidhlig](https://www.facebook.com/bordnagaidhlig)
Instagram: [@bordnagaidhlig1](https://www.instagram.com/bordnagaidhlig1)